

## CÒMHRADH 04: Ionad-slàinte

### Health Centre

Presenters: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)  
Eilidh NicFhraing (Eilidh Rankin)



ÌRE: **Bunaiteach-Meadhanach**

CUSPAIR: **Ionad-slàinte**

**ANNA:**

Halo. Ionad Slàinte an Àtha Leathainn.

**SEUMAS:**

Halò. Is mise Seumas MacRath. Tha mi ag iarraidh dotair fhaicinn, ma tha sin comasach.

**ANNA:**

Cuin a tha sibh ag iarraidh tighinn a-steach?

**SEUMAS:**

A bheil amannan saor aig an Dotair Dòmhnallach no an Dotair Ravi ro dheireadh na seachdain-sa?

**ANNA:**

Chan eil. Tha an t-egal orm gu bheil an Dotair Dòmhnallach air saor-làithean airson trì seachdainean agus chan eil an Dotair Ravi air ais gu meadhan na seachdain sa tighinn.

**SEUMAS:**

Cò aige a tha amannan saor, ma-thà?

**ANNA:**

Tha beàrn no dhà aig an Dotair Cheanadach a-màireach aig trì is leth-uair an dèidh a trì agus a-rithist Dihaoine aig cairteal gu còig. Tha an Dotair Miller saor an-diugh aig leth-uair às dèidh a ceithir. Sin e, tha an t-egal orm, airson na seachdain-sa.

LEVEL: **Beginner-Intermediate**

TOPIC: **Health Centre**

**ANNA:**

Hello. Broadford Health Centre.

**JAMES:**

Hello. My name is James MacRae. I'd like to see a doctor, if that's possible.

**ANNA:**

When would you like to come in?

**JAMES:**

Do Doctor MacDonald or Doctor Ravi have any appointments free before the end of this week?

**ANNA:**

No. I'm afraid that Doctor MacDonald is on holiday for three weeks and Doctor Ravi won't be back until the middle of next week.

**JAMES:**

Who does have free appointments, then?

**ANNA:**

Doctor Kennedy has a couple free tomorrow at three and half-past three and again on Friday at quarter to five. Doctor Miller is free today at half past four. That's all, I'm afraid, for this week.

## CÒMHRADH 04: Ionad-slàinte

Health Centre

Presenters: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)

Eilidh NicFhraing (Eilidh Rankin)



**SEUMAS:**

Uill, chan eil sin uabhasach math. Chan e rud ro chudromach a th' ann ged-tà. Mar sin gabhaidh mi uaireigin an t-seachdain sa tighinn leis an Dotair Ravi.

**ANNA:**

Dè mu dheidhinn trì uairean feasgar Diciadain?

**SEUMAS:**

Chan urrainn dhomh tighinn an uair sin, tha an t-eagal orm. Tha mi ro thrang aig m' obair. Bheil e saor madainn Diardaoin?

**ANNA:**

Chan eil. Chan eil àm eile saor aige gu feasgar Dihaoine. Am freagradh sin ort?

**SEUMAS:**

Aidh, fhreagradh. Dè mu dheidhinn dà uair?

**ANNA:**

Tha an t-eagal orm nach eil beàrn aige gu an dèidh ceithir uairean. Ciamar a bhiodh fichead mionaid an dèidh a ceithir?

**SEUMAS:**

Uill, fhreagradh e na b' fheàrr orm beagan nas fhaig air a còig. A bheil dad aige an uair sin?

**ANNA:**

Chan eil aige ach aon àite eile an dèidh sin. Tha sin aig fichead mionaid gu còig. An gabh thu sin?

**JAMES:**

Well, that's not very good. It's nothing too important though. So, I'll go for sometime next week with Doctor Ravi.

**ANNA:**

What about three o'clock on Wednesday afternoon?

**JAMES:**

I can't come in at that time, I'm afraid. I'm too busy at work. Is he free on Thursday morning?

**ANNA:**

No, he isn't. He doesn't have any free appointments until Friday afternoon. Would that suit you?

**JAMES:**

Aye, it would. What about two o'clock?

**ANNA:**

I'm afraid he doesn't have any slots until after four o'clock. How about twenty past four?

**JAMES:**

Well, it would suit me better if it was closer to five. - Does he have anything then?

**ANNA:**

He only has one slot after that time. That's at twenty to five. Will you take that?

## CÒMHRADH 04: Ionad-slàinte

### Health Centre

Presenters: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)

Eilidh NicFhraing (Eilidh Rankin)



**SEUMAS:**

Uill, bha dùil agam gum biodh sibh fosgailte beagan nas anmoiche na sin. Tha mi a' smaoin eachadh gu fàg mi e gus an till an Dotair Dòmhnallach ann an cola-deug eile. Tha fios gu bheil amannan gu leòr saor aigesan?

**ANNA:**

Uill, a dh'inne na firinn, chan eil. Chan eil air fhàgail ach beàrn no dhà.

**SEUMAS:**

Oh, uill, feumaidh mi cuideigin fhaicinn. 'S fheàrr dhomh dìreach an Dotair Miller fhèin fhaicinn feasgar an-diugh aig leth-uair an dèidh a ceithir.

**ANNA:**

Bheil thu cinnteach?

**SEUMAS:**

Tha. Gabhaidh mi sin. Tapadh leibh.

**ANNA:**

Ceart gu leòr, ma-thà. Chì sinn an uair sin sibh!

**JAMES:**

Well, I thought you would be open a little later than that. I think I'll leave it until Doctor MacDonald comes back in another fortnight. He's bound to have plenty of free slots?

**ANNA:**

Well, to be honest, he doesn't. There are only a few slots left.

**JAMES:**

Oh, well, I'll have to see someone. I'd better just come and see Doctor Miller this afternoon at half past four.

**ANNA:**

Are you sure?

**JAMES:**

Yes. I'll take that, thank you.

**ANNA:**

Right, then. We'll see you then!